

Fiosrachadh Pearsanta / Contact Information

Buidhean Organisation	Urras Coimhearsnachd Bhràdhagair agus Àrnoil
Baile-mòr/Baile City/Town	Bràdhagair
Dùthaich Country	Alba

Ceistean | Questions

1. Tha cumadh a' Phlana a' gabhail a-steach amas, cuspairean, prìomh raointean agus gealltanasan. A bheil beachd agaibh air cumadh a' Phlana agus air an àrd-amas againn? The structure for the Plan consists of an aim, priority areas and commitments. Do you have any comments on how we have structured the Plan and the overall aim we have selected?

Tha sinn mothachail gu bheil prìomhachas agaibh gus àireamh luchd-labhairt na Gàidhlig a' meudachadh. Ged 's folaiseach gu bheil an àireamh luchd-labhairt cudromach dhùinn uile, oir bi maointean agus aithne an Rìoghaltais dlùth-cheangailte ri na figearan. Mar an ceudna, bhiodh tuiteam anns an àireamh de luchd-labhairt cronail ri iomhaigh na h-iomairtean Gàidhlig.

A dh' aindeòin na h-adhbharan practigeach seo, tha sinn den bheachd gum bu chòir àrd-amas a bhith ann a tha stèidhte air adhartas agus piseach do gach Gàidheal - ge's bith càite bheil iad, nó cò às a tha iad. Tha fhios nach biodh àrd-amas den leithid ceart cho soilleir ri'n fhear a th'agaibh an-drasta, gu dearbh cha bhiodh e cho simplidh a mheasadh, ach mholadh sinn an dóigh seo air sgath's gu bheil e a' freagradh do gach raoin de shaoghal na Gàidhlig, bho Ghàidheil thùsail gu luchd-ionnsachaidh.

2. Tha sinn dhen bheachd gu bheil e riatanach gum bi deagh iomhaigh aig a' Ghàidhlig agus gum bi na raointean shuas a' cur gu mòr ri sin. A bheil beachdan agaibh fhèin air na raointean a thagh sinn no càil eile co-cheangailte ris a' chuspair seo? We believe that the promotion of a positive image for Gaelic is essential and we think that the areas above are the key areas that can make a contribution to this. Do you have any comments on the areas we have selected or alternative suggestions?

'S ann an aontachadh leibh a tha sinn a-réir iomhaigh na Gàidhlig. 'S trice a bhios sinn a' cluinntinn daoine gun Ghàidhlig nar coimhearsnachd agus nas fhaide air falbh a' moladh prògraman Gàidhlig a tha ri fhaotainn tro BhBC Alba. Bu chaomh leinn barrachd uairean a thide de phrògraman ùra fhaicinn gach là, 's bochd na tha sinn a' faighinn an drasta.

Nì leasachaidhean eile a tha sibh a' cur air adhairt feum mòr, gu h-araid meudachadh corpas a' chànain aig ìre acadamaigeach (DASG & eile) agus ìre laitheil (iriseán, nobhailean, etc).

Tha pròiseactan eile ann a tha faicsinneach agus soirbhicheil, leithid FiolmG, is nì iad sin feum do iomhaigh na Gàidhlig.

Tha UCBA a' moladh dhuibh barrachd spéis a chur ri toglaichean coimhearsnachd air feadh na dùthcha. Tha 'àilleachd' an togalaich, gu dearbh ma 's e àite far a bheil Gàidhlig ga bruidhinn gu laitheil, gu nàdurra, a' toirt air daoine feuchainn air an canan a bhruidhinn. Mholadh sinn dhuibh leabhar/bileag-obrach ullachadh a bheireadh comhairle do bhuidhnean coimhearsnachd is iomairtean-sòisealta, a' sealtainn dhaibh mar a bheir iad brosnachadh do chleachdadh na Gàidhlig.

Ged nach shaoilear gum biodh seo cudromach, 's ann an suidheachaidhean neonach a bhios luchd-leasachaidh na Gàidhlig gu math trice - m.e. a-measg coimhearsnachd Gàidhealach ach gun ceangal láidir ri luchd-labhairt na Gàidhlig air 'sàilleibh's gu bheil iad sean, no ag obair. Èisimpleir eile, tógalach am broinn coimhearsnachd far nach eil ach glè bheag de Ghàidheil. - agus mar sin 's e taic a bhiodh ann do luchd-obrach ann an iomadach raoin.

3. Tha sinn dhen bheachd gu bheil foghlam agus ionnsachadh na Gàidhlig aig cridhe a' Phlana seo. Tha sinn air liosta a dhèanamh de na prìomh raointean airson leasachadh san àm ri teachd. A bheil beachdan agaibh air seo, agus air na prìomh raointean a thagh sinn airson ionnsachadh na Gàidhlig? We believe education and Gaelic learning are central to this Plan. We have also listed the priority areas that we believe should be a focus for ongoing activity. Do you have any comments on this emphasis and on the priority areas selected for learning Gaelic?

Bu chòir dhuibh tuilleadh chothroman a thoirt do dhaoine far am faigh iad clasaichean/ionnsachadh Gàidhlig ann an sgìrean far a bheil Gàidhlig aig torr. Bhiodh buannachd mhiorbhaileach ann don luchd-ionnsachaidh, is aig an aon àm bhiodh buannachd eacanomagach agus sòisealta ann don coimhearsnachdan.

Mur a dèan cuideigin rudeigin airson bacadh a chur air crìonadh nan sgìrean Gàidhealach, bàsachaidh na sgìrean. 'S bochd a bhiodh an call.

Am 'b urrainn dhuibh obrachadh le buidhnean coimhearsnachd sna sgìrean seo gus clasaichean a chur air dóigh?

4. Tha sinn dhen bheachd gu bheil na raointean a chaidh a thaghadh cudromach airson cleachdadh na Gàidhlig a bhrosnachadh. A bheil beachdan agaibh air mar a dh'fhaodamaid piseach a thoirt air ìre cleachdaidh na Gàidhlig? We believe the areas selected are important for promoting the increased use of Gaelic. Do you have any comments or suggestions you would like to make in relation to promoting the increased use of Gaelic?

A-rithist, tha sinn a' faicainn cho cudromach sa tha tógalach, agus ailleachd an togalaich, a-réir cleachdadh na Gàidhlig.

Channainns gun obradh toglaichean Gàidhlig air feadh na h-Alba nam biodh ro-innleachd láidir ann dhaibh. Tha fhios gu bheil àiteachan anns na bailtean móra far an cluinnear Gàidhlig (gun chlisgeadh), agus bha àiteachan den t-seòrsa ann a-riamh.

Tha fhios cuideachd gum bi sibh sgith de phoileasaidhean is sgrìobhaidheann tron, ach nam biodh teisteanais no 'Geall Gàidhlig' ann do bhuidheann, rud simplidh a' mìneachadh gu bheil am buidheann taiceil don Ghàidhlig, 's mathaid gun déanadh siúd feum. Chuir ar Cathraiche a h-ainm ri 'Geall' aig buidheann CCF bho chionn ghoirid ag aontachadh gum biodh sinn faiceallach a thaobh ar cosgadh càrbon. Chaidh dealbh a-mach air na meadhannan sòisealta agus tha an geall fhèin an àrd nar tógalach.

Dh' fheumadh stiùireadh math a bhith an luib geall sam bith. 'S mathaid gun toireadh an dà chuid comhla, Geall faicsinneach agus stiùireadhan simplidh, leasachadh do chleachdadh na Gàidhlig.

5. Ann an ceistean 2, 3 is 4, chaidh iarraidh oirbh ur beachdan a thoirt air na prìomh raointean a chaidh a chomharrachadh. Anns a' cheist seo, bu mhath leinn ur beachdan fhaighinn air na prìomh ghealltanasan a chomharraich sin agus air gealltanasan a bharrachd a bu chòir a bhith ann gus an dèanar adhartas ann a bhith a' leasachadh na th' ann de dhaoine a tha a' labhairt, cleachdadh is ionnsachadh na Gàidhlig ann an Alba agus ann a bhith a' leudachadh nan suidheachaidhean anns am bi i air a cur gu feum? In questions 2, 3 and 4, you were asked about your views on the priority areas identified. In this question, we would like to hear any views or suggestions you may have on the key commitments we have identified and views on any key commitments you think should be included in order to make progress with the aim of increasing the number of people speaking, using and learning Gaelic in Scotland and the number of situations in which it is used?

Nar beachd, feumar stad a chur air crìonadh na Gàidhealtachd. Tha díth-chothroman obrach agus stáit an eaconamaidh a' fàgail mòran a bhuineas do na sgìrea seo gun roghainn ach nan sgìrean fhàgail. Ma chailleas sinn na sgìrean Gàidhlig, caillidh sinn goireas nach deach a chleachdadh, gu ruige seo co-dhiù, cho math sa b' urrainn dhá bhith.

Aig an aon àm, tha trioblaidean ann dhiubh a bhith fastadh luchd-teagaisg. Ma nì sibh barrachd airson còr is cleachdadh a' chànan a' fàs sna sgìrean Gàidhealach, bi barrachd tidsearan à Alba, gu dearbh air an bogadh ann an cultar Gàidhealach, ri fhastadh.

6. Tha na ceistean co-chomhairleachaidh a nochd na bu tràithe air a bhith rudeigin mionaideach. Ma tha sibh airson puingean eile a thogail, agus mura robh cothrom agaibh sin a dhèanamh thuige seo, nach sgrìobh sibh iad gu h-ìosal. The earlier consultation questions have been fairly specific. If there are any other points you would like to make and feel you have not had the opportunity to do so, please write them below.

Beachdan:

Meudaich an lìonrachd de luchd-leasachaidh na Gàidhlig. Cho fad's sa s'aithne dhúinne chan eil co-labhairt no f'ìuis lárach lìn do luchd-obrach a tha an sàs ann an obair leasachaidh. Bhiodhamaid deònach eolas is goireasan sam bith a' cho-roinneadh. Bhiodh cùisean na'b fhasa do luchd obrach ùra, 's planaichean leasachaidh is goireasan eile ri fhaotainn.

Tha sinn ag aontachadh le ur beachd maoin a' stèidheachadh son coimhearsnachdan far a bheil àireamh àrd de luchd-labhairt na Gàidhlig.